



Tabhartas Neach-cùraim Òig

Dè th' ann an Tabhartas Neach-cùraim Òig?

'S e pàigheadh bliadhnaile de £390.25 a th' ann do luchd-cùraim òga aois 16, 17 no 18 a tha a' fuireach ann an Alba. 'S e sochair airgid a th' ann a dh'fhaodas iad cosg mar a thogras iad, agus faodaidh iad iarrtas a chur a-steach ma tha iad anns an sgoil, ann am foghlam adhartach, ag obair no gun obair.

Cò gheibh e?

Faodaidh luchd-cùraim òga a bhith airidh air Tabhartas Neach-cùraim Òig ma tha iad a' coileanadh nan slatan-tomhais uile gu h-ìosal:

- tha iad a' fuireach ann an Alba
- tha iad 16, 17 no 18 bliadhna a dh'aois
- tha iad air a bhith a' toirt seachad cùram airson ùine chuibheasach de 16 uairean a thìde gach seachdain, airson nan 3 mìosan mu dheireadh.

Faodaidh an taic a tha iad a' toirt seachad a bhith corporra, inntinneil no faireachail

- ma bhios an neach no na daoine a tha a' faighinn cùram a' faighinn sochair bhuntainneach*
- chan eil iad a' toirt cùram do neach sam bith san iarrtas mar neach-obrach saor-thoileach
- chan eil iad a' faighinn pàigheadh gus cùram a thoirt do dhuine sam bith san iarrtas
- cha do chuir iad a-steach airson, no cha d' fhuair iad, Pàigheadh Taic Neach-cùraim bho

Thèarainteachd Shòisealta Alba, Cuibhreann Neach-cùraim bho Roinn na h-Obrach is nam Peinnseanan, no Cuibhreann Neach-cùraim Èirinn a Tuath.

* An cuibhreann bith-beò làitheil de Phàigheadh Neo-eisimeileachd Pearsanta (PIP), an cuibhreann bith-beò làitheil de Phàigheadh Ciorraim Inbheach, an reat cùraim meadhanach no as àirde de Chuibhreann Ciorraim Bith-beò (DLA) a' gabhail a-steach Cuibhreann Ciorraim Bith-beò do Chlann, an reat cùraim meadhanach no as àirde de Phàigheadh Ciorraim Cloinne, Cuibhreann Frithealaidh, Pàigheadh Neo-eisimeileachd nam Feachdan Armaichte, Cuibhreann Frithealaidh Cunbalach. Ma tha an neach a tha a' faighinn cùram a' faighinn Cuibhreann Frithealaidh Cunbalach, feumaidh iad a bhith a' faighinn an dàrna cuid: Sochair Ciorraim Leòin-ghniomhachais (aig, no os cionn, an reat àbhaisteach as mothà), no Peinnsean Ciorraim Cogaidh (aig an reat bhunaiteach).

Cia mheud 's a tha am pàigheadh agus ciamar a dh'fhaodar a chleachdad?

'S e pàigheadh de £390.25 a th' ann. Tha e an urra riutha fhèin dè nì iad leis an airgead.

Ma tha barrachd air aon neach a' toirt cùram do chuideigin, am faod iad uile iarrtas a chur a-steach?

Ma chuireas barrachd air aon neach-cùraim a-steach airson an neach chionnan a tha a' faighinn cùram, chan fhaigh ach a' chiad iarrtas so-roghnach an tabhartas. Ma tha an neach-cùraim òg a' toirt seachad cùram còmhla ri cuideigin eile a tha 16, 17 no 18 bliadhna a dh'aois, bu chòir dhaibh aontachadh cò chuireas iarrtas a-steach airson an tabhartais.

Ach, a bharrachd air an tabhartas, tha luchd-cùraim òga cuideachd airidh air buannachdan neo-airgeadach a bharrachd leis a' chairt Young Scot aca. Gheibh iad lasachaidhean a bharrachd ann am bùithean agus ionadan sònraichte agus buannachdan air leth eile, a' gabhail a-steach tiogaidean taigh-dhealbh agus tachartasan sònraichte. Chan fheum iad a bhith a' faighinn Tabhartas Neach-cùraim Òig gus na sochairean seo fhaighinn.

Dè an ìre de chùram a dh'fheumas iad toirt seachad airson a bhith airidh?

Feumaidh gu bheil iad air a bhith a' toirt cùram do aon neach no barrachd airson ùine chuibheasach de 16 uairean a thìde gach seachdain, airson nan trì mìosan mu dheireadh. Bidh beàrn suas ri trì seachdainean anns a' chùram ceadaichte taobh a-staigh na h-ùine buntainnich de 13 seachdainean.

Cho fada 's a tha iad a' toirt seachad 208 uairean a thìde uile gu lèir anns na 13 seachdainean.

Dè cho fada 's a dh'fheumas daoine feitheamh, às dèidh iarrtas a chur a-steach, gus am pàigheadh aca fhaighinn?

Thèid co-dhùnad a dhèanamh nuair a gheibhear foirm-iarrtais coileanta an neach-chùraim òig agus a h-uile pìos de dh'fhanais-taice. Thèid innse dhaibh mun cho-dhùnad a uair sin agus leanaidh am pàigheadh goirid às dèidh sin.

Dè an dearbh-aithne agus fianais a bhios a dhìth?

Mus cuir iad iarrtas a-steach, bu chòir fios a bhith aig an neach-cùraim òg air fiosrachadh a' chunntas banca do bheil iad ag iarraidh an t-airgead a bhith air a phàigheadh. Mas aithne dhaibh Àireamh an Àrachais Nàiseanta aca fhèin agus aig an neach dha bheil iad a' toirt cùram, cuidichidh seo leis an iarrtas aca a làimhseachadh nas luaithe.

Às dèidh dhaibh an t-iarrtas a chur a-steach, gheibh iad litir leanmhainn ag innse dhaibh dè seòrsa dearbh-aithne a dh'fheumas iad a chur thugainn airson dearbhadh.

Am feum an neach-cùraim òg an t-airgead seo a phàigheadh air ais?

Chan fheum. Chan e iasad a th' ann agus chan fheum an neach-cùraim òg a phàigheadh air ais.

Cò dha a thèid an t-airgead a phàigheadh?

Thèid an t-airgead a phàigheadh a-steach do chunntas ionmhasail an neach-chùraim òig.

Cuin a dh'faodas luchd-cùraim òga iarrtas a chur a-steach?

Faodaidh iad iarrtas a chur a-steach gach bliadhna bho aois 16 gu 18 agus feumaidh iad iarrtas a chur a-steach a-rithist gach bliadhna ma bhios iad fhathast airidh.

An toir e buaidh air sochairean eile?

Cha toir. Cha tèid sùil a thoirt air Tabhartas Neach-cùraim Òig ann am measadh sochairean agus creideas cìse na RA.

Ciamar a chuireas daoine iarrtas a-steach?

Gheibhear tuilleadh fiosrachaiddh agus faodar iarrtas a chur a-steach air-loidhne aig [mygov.scot/benefits](https://www.mygov.scot/benefits). Faodaidh daoine cuideachd cur a-steach air a' fòn no foirm-iarrtais pàipeir iarraidh tron phost le bhith a' cur fòn thugainn an-asgaidh air **0800 182 2222**.

Ciamar as urrainnear fios a chur thugainn?

-  Cuir fòn thugainn an-asgaidh air: 0800 182 2222
-  Seirbheis Text Relay: 18001 +0300 244 4000 (do dhaoine a tha air bheag-chlaisneachd)
-  Luchd-cleachdaidh Cànan Soidhnidh Bhreatann: contactscotland-bsl.org
-  Còmhradh-lìn: chat.socialsecurity.gov.scot